

## **Stiùireadh a' Bhùird mu Fhiosrachadh**

### **Ro-ràdh**

Fo Achd Saorsa an Fhiosrachaiddh (Alba) 2002 (an t-Achd) feumaidh ùghdarrasan poblach ann an Alba sgeama-foillseachaidh a chruthachadh agus a ghleidheadh. Tha dleastanas laghail air ùghdarrasan:

- na seòrsachean fiosrachaiddh air an toir iad cothrom gu riaghilteach fhoillseachadh;
- innse dhan phoball mar a gheibh iad cothrom air fiosrachadh agus na chosgadh e.

Tha Bòrd na Gàidhlig air gabhail ri Sgeama Samhlach Fhoillseachaidhean 2015 a chruthaich Coimiseanair Fiosrachaiddh na h-Alba (SIC).

Chaidh an sgeama seo ùrachadh mu dheireadh ann an **Cèitean 2020**.

Chì thu an sgeama seo air an làraich-lìn againn aig <https://www.gaidhlig.scot/ga/bord/corporate/access-to-information/> no le bhith a' cur fios thugainn aig an t-seòladh gu h-ìseal.

### **An Stiùireadh againn mu Fhiosrachadh**

Is e adhbhar an Stiùiridh seo mu Fhiosrachadh :

- leigeil leis a' phoball faicinn dè am fiosrachadh a tha ri fhaighinn (agus nach eil ri fhaighinn a thaobh gach seòrsa);
- nochdadh dè na cosgaisean a dh'fhaodar cur;
- mìneachadh mar a gheibhear am fiosrachadh gu furasta;
- fios a thoirt mu chonaltradh ma bhios ceistean ann agus mar a gheibhear cuideachadh gus cothrom fhaighinn air an fhiosrachadh; agus
- mìneachadh mar a dh'iarrar fiosrachadh a ghleidheas sinn nach eilear air foillseachadh

### **Ruigsinneachd agus riochdan**

Tha am fiosrachadh a tha sinn a' foillseachadh tron sgeama shamhlach ri fhaotainn, nuair a ghabhas e dèanamh, air an làraich-lìn againn. Tha sinn a' taigse ullachaidhean seach seo do dhaoine nach eil ag iarraidh no nach eil comasach air cothrom fhaighinn air an fhiosrachadh no le bhith ga sgrùedadh aig na h-ionadan againn. Mar eisimpleir, theid againn air cur air dòigh mar as trice air fiosrachadh a chur thugad ann am pàipear (ged gur dòcha gum biodh cis ann airson seo – fac na cisean gu h-ìseal).

\*\*Chan eil e comasach dhuinn lethbhreacan pàipeir a thoirt seachad an-dràsta leis gu bheil luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig uile ag obair bhon taigh air sgàth suidheachadh COVID-19.\*\*

### **Fhiosrachadh air a shaoradh**

Foillsichidh sinn am fiosrachadh a tha sinn a' gleidheadh a tha a' nochdadh fo na seòrsachean fiosrachaiddh gu h-ìseal. Ma tha fiosrachadh am broinn sgrìobhainn a tha air a shaoradh fo laghan saorsa an fhiosrachaiddh ann an Alba (mar eisimpleir fiosrachadh pearsanta a tha frionasach no diomhair ann am malairt), bheir sinn air falbh no 'dubhaidh sinn às' am fiosrachadh ro fhoillseachadh agus mìnichidh sinn carson.

## Còraichean

Nuair a tha Bòrd na Gàidhlig a' gleidheadh nan còraichean na chuid fiosrachaidh air foillseachadh, faodar copaidh no ath-riochd a dhèanamh gun chead foirmeil, fhad is:

- a thèid an copaidh no an t-ath-riochd a dhèanamh gu cruinn;
- nach tèid a cleachdadhbh ann an co-theacsa a bheireadh mì-stiùireadh; agus
- a thèid tùs an fhiosrachaidh a shònrrachadh.

Nuair nach eil Bòrd na Gàidhlig a' gleidheadh nan còraichean ann am fiosrachadh a tha sinn a' foillseachadh, nì sinn seo soilleir.

## Cisean

Tha an earrann seo a' mìneachadh carson a dh'fhaodas sinn cosgais a ghearradh airson nam foillseachaidhean againn agus mar a thèid cosgais sam bith obrachadh a-mach.

Tha e nar namas am fiosrachadh gu lèir a thèid iarraidh a thoirt seachad saor an-asgaidh. 'S ann saor an-asgaidh a tha fiosrachadh air an làraich-lìn againn agus copaidhean foillseachaidhean corporra sam bith a tha ann an clò mar-thà agus rim faotainn ged as dòcha gun cuir sinn cùs airson na postachd.

Chan eil cosgais sam bith ann gus sealltainn air fiosrachadh air an làraich-lìn againn no aig na h-ionadan againn.

\*\* Chan eil e comasach dhuinn lethbhreacan pàipeir a thoirt seachad an-dràsta leis gu bheil luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig uile ag obair bhon taigh air sgàth suidheachadh COVID-19.\*\*

Faodaidh gun cuir sinn cosgais airson fiosrachadh a thoirt dhut ann an riochdan sònraichte, mar eisimpleir, a' toirt seachad chopaidhean agus gan cur sa phost thugad ach cha chuir sinn càil a bharrachd ort seach na bhios e a' cosg oirnn fhèin a leithid a dhèanamh. Innsidh sinn dhut daonnan dè a' chosgais a tha ann mus toir sinn am fiosrachadh dhut.

Tha a' chìs againn airson chopaidhean gach taobh de phàipear ga nochdadhan anns na clàran gu h-ìseal:

- **Copaidh Dhubb is Gheal**
- A4: 10sg gach siota
- **Copaidh dhathan**
- A4: 20sg gach siota

Thèid cosgaisean-postachd a ghearradh aig an ìre a phàigh sinne gus am fiosrachadh a chur thugad.

Nuair a thathar a' toirt seachad chopaidhean de dh'foillseachaidhean ann an clò cheana, cha chuir sinn càil a bharrachd de chosgais no cosgais gach copaidh a rèir ruith a' chlò gu lèir.

Thoir fa-near nach eil clàr nan cosgaisean a' bualachd air ar cuid foillseachaidhean malairteach (faic Seòrsa 8 gu h-ìseal). Tha na mìrean seo gan taigse ri reic tro ionadan-reic mar bhùthan-leabhairchean, làraichean-lìn irisean acadaimigeach no bùthan thaighean-tasgaidh agus tha a' phris orra a' nochdadadh 'luach a' mhargaidh' a dh'haodadh a' chosgais gus an cur ri chèile a ghabhail a-steach.

## Cuir fios thugainn

Faodaidh tu fios a chur gu Oifigear Sgeama nam Foillseachaidhean againn gus cuideachadh fhèin le càil sam bith ceangailte ri sgeama seo nam foillseachaidhean:

Post-dealain: [oifis@gaidhlig.scot](mailto:oifis@gaidhlig.scot)

Bheir sinn comhairle dhut cuideachd air mar a dh'iarras tu fiosrachadh nach eil sinn a' foillseachadh no mar a thogas tu gearan mura bheil thu riaraichte le càil sam bith an lùib sgeama nam foillseachaidhean.

## Faid

Tha e na amas do Bhòrd na Gàidhlig dèanamh cinnteach gu bheil co-dhiù am fiosrachadh air fad a tha a' buntainn ris a' bhliadhna-ionmhais an-dràsta, a bharrachd air an dà bhliadhna-ionmhais roimhe sin, ri fhaighinn tron làraich-lìn. Nuair nach eil am fiosrachadh seo ri fhaighinn air an làraich-lìn, faodar a thoirt seachad ma thèid iarraidh.

### Na seòrsachean fiosrachaiddh a tha sinn a' foillseachadh

Tha am fiosrachadh ann an sgeama nam foillseachaidhean againn ga chur ann an 9 buidhnean, mar a leanas:

**Buidheann 1:** Mu Bhòrd na Gàidhlig

**Buidheann 2:** Mar a tha sinn a' libhrigeadh ar cuid ghnìomhan agus sheirbheisean

**Buidheann 3:** Mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' gabhail cho-dhùnaidhean agus na co-dhùnaidhean a ghabh e

**Buidheann 4:** Na bhios Bòrd na Gàidhlig a' cosg agus mar a tha e ga chosg

**Buidheann 5:** Mar a nì Bòrd na Gàidhlig rianachd air a chuid ghoireasan daonna, corporra agus fiosrachaiddh

**Buidheann 6:** Mar a bhios Bòrd na Gàidhlig a' solar bathar agus sheirbheisean bho luchd-solair air an taobh a-muigh

**Buidheann 7:** Mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh

**Buidheann 8:** Na foillseachaidhean malaireach aig Bòrd na Gàidhlig

**Buidheann 9:** Fios Fosgailte Bòrd na Gàidhlig

## Buidheann 1: Mu Bhòrd na Gàidhlig

### Fiosrachadh Coitcheann mun Ùghdarris.

Fiosrachadh mu Bhòrd na Gàidhlig: cò a th' annainn, far a bheil sinn, mar a chuireas tu fios thugainn, mar a tha sinn ga stiùireadh agus na ceanglaichean againn air an taobh a-muigh

Fiosrachadh	Mar a gheibhear cothrom air
Achd na Gàidhlig	<a href="#">Briog an seo</a>
Plana Nàiseanta na Gàidhlig	<a href="#">Briog an seo</a>
Plana Corporra	<a href="#">Briog an seo</a>
Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan	<a href="#">Briog an seo</a>
Cruth a' Bhùird	<a href="#">Briog an seo</a>
Cruth luchd-obrach	<a href="#">Briog an seo</a>
Modh Ghearanan	<a href="#">Briog an seo</a>
Saorsa an Phiosrachaidh	<a href="#">Briog an seo</a>
Brathan-naidheachd	<a href="#">Briog an seo</a>
Fios thugainn	<a href="#">Briog an seo</a>

### Buidheann 2: Mar a tha sinn a' libhrigeadh ar cuid ghnìomhan agus sheirbheisean

Fiosrachadh mun obair, mun ro-innleachd agus mu na poileasaidhean againn gus gniomhan is seirbheisean a libhrigeadh do luchd-cleachdaidh ar cuid sheirbheisean

Fiosrachadh	Mar a gheibhear cothrom air
Plana Nàiseanta na Gàidhlig	<a href="#">Briog an seo</a>
Plana Corporra	<a href="#">Briog an seo</a>
Sgriobhainn Frèam NDPB	<a href="#">Briog an seo</a>
Gnàth-riaghailtean	<a href="#">Briog an seo</a>
Planaichean Gàidhlig	<a href="#">Briog an seo</a>
Ro-innleachd mu Fhoghlam Gàidhlig – Cuspairean Coitcheann	<a href="#">Briog an seo</a>
Ro-innleachd mu Fhoghlam Gàidhlig – Na Tràth-bhliadhnaichean	<a href="#">Briog an seo</a>
Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig	<a href="#">Briog an seo</a>
Ro-innleachd mu Fhoghlam Luchd-teagaisg tro Mheadhan na Gàidhlig	<a href="#">Briog an seo</a>
Sgeamaichean-maoineachaidh	<a href="#">Briog an seo</a>
Brathan-naidheachd	<a href="#">Briog an seo</a>

### Buidheann 3: Mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' gabhail cho-dhùnaidhean agus na co-dhùnaidhean a ghabh e – Fiosrachadh mu na co-dhùnaidhean a bhios sinn a' gabhail, mar a ghabhas sinn co-dhùnaidhean agus mar a bheir sinn daoine eile a-steach

Fiosrachadh	Mar a gheibhear cothrom air
Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan	<a href="#">Briog an seo</a>
Geàrr-chunntasan coinneamhan a' Bhùird agus nan comataidhean	<a href="#">Briog an seo</a>
Pàipearan-rannsachaidh	<a href="#">Briog an seo</a>
Sgeamaichean-maoineachaidh	<a href="#">Briog an seo</a>
Brathan-naidheachd	<a href="#">Briog an seo</a>

**Buidheann 4 : Na bhios Bòrd na Gàidhlig a' cosg agus mar a tha e ga**

chosg - fiosrachadh mun ro-innleachd againn airson, agus mun rianachd air, modhan-obrach ionmhasail

Fiosrachadh	Mar a gheibhear cothrom air
Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan	<a href="#">Briog an seo</a>
Comataidh Poileasaidh agus Ionmhais	<a href="#">Briog an seo</a>
Comataidh an Sgrùdaidh	<a href="#">Briog an seo</a>
Achd Ath-leasachadh Sheirbheisean Poblach (Alba) 2010	<a href="#">Briog an seo</a>
Fiosrachadh air tuarastalan os cionn £58,000	<a href="#">Briog an seo</a>
Fiosrachadh air tuarastalan nam Ball	<a href="#">Briog an seo</a>
Brathan-naidheachd	<a href="#">Briog an seo</a>

**Buidheann 5: Mar a nì Bòrd na Gàidhlig rianachd air a chuid ghoireasan daonna, corporra agus fiosrachaideh**

Fiosrachadh	Mar a gheibhear cothrom air
Sanasan air an taobh a-muigh agus dreuchdan	<a href="#">Briog an seo</a>
Leabhar-làimhe Luchd-obrach	Ri fhaotainn ma thèid iarraidh
Tuairisgeulan-obrach	Ri fhaotainn ma thèid iarraidh
Poileasaidhean agus Modhan-obrach GD	Ri fhaotainn ma thèid iarraidh
Cumhaichean-iomraidh an Sgioba-stiùiridh	<a href="#">Briog an seo</a>
Còd-cleachdaidh Buill Bòrd na Gàidhlig	<a href="#">Briog an seo</a>
Clàr-ùidhean nam Ball	<a href="#">Briog an seo</a>
Clàr ùidhean ionmhasail, Gnìomhachais agus eile	<a href="#">Briog an seo</a>

**Buidheann 6: Mar a bhios Bòrd na Gàidhlig a' solar bathar agus sheirbheisean bho luchd-solair air an taobh a-muigh**

Fiosrachadh	Mar a gheibhear cothrom air
Clàr nan Cùmhnantan	<a href="#">Briog an seo – thoir fa-near gum bi agad ri logadh a chur air dòigh airson Cùmhnantan Poblach Alba.</a>
Sgrìobhainn nan taigsean	Ri fhaotainn ma thèid iarraidh. Tha gach taigse a chuireas Bòrd na Gàidhlig a-mach ri fhaotainn cuideachd bho PCS - <a href="https://www.publiccontractsscotland.gov.uk/default.aspx">https://www.publiccontractsscotland.gov.uk/default.aspx</a> .
Teirmean agus cumhaichean	Ri fhaotainn ma thèid iarraidh
Poileasaidh mu Sholar	Ri fhaotainn ma thèid iarraidh

**Buidheann 7: Mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh**

Fiosrachadh air mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh mar bhuidheann, agus cho math agus a tha e a' libhrigeadh nan gniomhan agus nan seirbheisean aige.

Fiosrachadh	Mar a gheibhear cothrom air
Aithisgean Bliahdhnail	<a href="#">Briog an seo</a>
Dearcnachadh KPI	<a href="#">Briog an seo</a>
Brathan-naidheachd	<a href="#">Briog an seo</a>

**Buidheann 8: Na foillseachaidhean malaирteach aig Bòrd na Gàidhlig**

Fiosrachadh ga chur ann am pasgan agus ri reic tro ionadan leithid bùth-leabhraichean, taigh-tasgaidh no iris-rannsachaidh.

Chan eil sinn a' gleidheadh no a' foillseachadh fiosrachadh sam bith fon bhuidhinn seo.

### Buidheann 9: Fios Fosgailte Bòrd na Gàidhlig

Fiosrachadh	Mar a gheibhear cothrom air
Tha Bòrd na Gàidhlig a' foillseachadh diofar aithisgean-rannsachaид agus thoraidhean-rannsachaيد gach bliadhna ged nach e Fios Fosgailte a th' annta. Tha toraidhean air am foillseachadh air a bheil cothrom poblach gam foillseachadh air an làraich-lìn againn mar as trice.	<a href="#"><u>Briog an seo</u></a>